

gaganach, badanach a' sgeadachadh mullach nam beann le culaidh riomhach, agus a' crathadh a chinn 's ag cromadh ann an osaig chiuin an anmoich, a' deanadh gairdeachais do bhrìgh gu bheil e fein co boidheach, co anabarrach boidheach. Tha gach faillean 'us fiuran urail, dosrach ; agus tha 'n og-mhadainn, mar an ceudna, boillsgeanta le driuchd a tha 'dearrsadh ann an solus og na greine. Co a ghabhas beachd air an t-sealladh riomhach so nach aidich le ioginadh gur a Dia a rinn an samhradh.

Is e Dia 'thug dhuinn 'n a mhor chaoimhneas comas air sonas baigheil, gasda 'thrusadh agus a shealbhachadh. Ma dh' fhaoidte gu bheil tlachd mor, eadhon aig bruidean na machrach am feadh a tha 'n samhradh blath 'us carthannach. Tha iad 'n an doigh bhalbh fein a coimhlionadh ruin an Ti a chruthaich iad : ach tha iad aineolach air fìor ailleachd 'us maisealachd nan seallaidhean a tha m' an cuairt daibh. Nam bitheamaid-ne as eugmhais nam buadhan arda fiachail a tha 'g ar togail os ceann ainmhidhean na machrach, cha bhitheadh comas againn air fiamh 'us guirmeadh 'us ciatachd an t-saoghail fhaicinn no mhealltuinn, no subhachas inntinn a tharruing asda. Ach chruthaich Dia sinn 'n a dhealbh agus a reir a chos-lais fein, agus air an aobhar sin is urrainn duinn beachdachadh le tlachd air a liuthad, comharradh air gliocas 'us caoimhneas an Tighearna 'tha trathan na bliadhna 'nochdadh. Is urrainn duinn